



Dreachd Plana Gàidhlig 2025-2030

Ro-ràdh

Mar Oilthigh cruinneil freumhaichte san eachdraidh chatharra gun samhail againn, tha sinn ag aithneachadh nan dleastanasan a th' oirnn a thaobh na Gàidhlig, tè de chànanan dùthchasach beò na h-Alba. Tha sinn moiteil às an adhartas a tha sinn air dèanamh bho chaidh am Plana Gàidhlig làithreach againn fhoillseachadh ann an 2019 agus a bhios a' tighinn gu crìch ann an 2024. Tha stèidheachadh Sgeama Sgrìobhadair Gàidhlig air Mhuinntireas, leudachadh air cothroman teagaisg is ionnsachaidh san Ionad airson Ionnsachadh Fosgailte, agus leasachadh air na com-pàirteachasan ionadail le lionraidhean is buidhnean coimhearsnachd ionadail air cur gu mòr ris na cothroman a tha rim faotainn do luchd-obrach, oileanaich, agus daoine sa choimhearsnachd ionadail againn a bhith a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Ged a tha sinn air adhartas mòr fhaicinn a dh'ionnsaigh amasan a' phlana as ùire againn, tha e ceart gun coimhead sinn a-rithist air ar slighe ro-innleachdail airson na Gàidhlig. Mar sin tha an dreachd Plana Gàidhlig seo a' mìneachadh sreath de phrionnsapalan agus gealltanasan a bhios ag amas air piseach a thoirt air cleachdadh, ionnsachadh agus faicsinneachd na Gàidhlig san Oilthigh thairis air an ath chòig bliadhna.

Às dèidh fios air ais mun phlana a bh' ann roimhe, tha sinn a' moladh an structar atharrachadh bho liosta de ghealltanasan mionaideach gu seata de chòig prionnsapalan a tha mar bhunait air ar n-obair a thaobh taic dhan Ghàidhlig. Thèid na prionnsapalan sin a chur an gnìomh tro shreath de ghealltanasan co-cheangailte. Chan eilear an dùil gum bi na gealltanasan a' gabhail a-staigh obair uile an Oilthigh a thaobh na Gàidhlig, ach an àite sin bidh iad a' mìneachadh na h-obrach as cudromaiche ann a bhith a' lìbhrigeadh ar prionnsapalan agus a' toirt taic do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig.

Tro bhith a' buileachadh a' phlana seo, tha sinn airson a' Ghàidhlig a bhrosnachadh air an àrainn agus airson taic a chumail ris a' choimhearsnachd ionadail againn de luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh, cho math ris na h-oileanaich agus luchd-obrach eile againn, le bhith a' toirt cothroman dhaibh fear de na cànanan dùthchasach beò aig Alba a chleachdadh no gus pàirt a ghabhail innte rè an àm aca san Oilthigh.

Ar Prionnsapalan airson na Gàidhlig

Còig prionnsapalan a bhios a' fighe a-steach na Gàidhlig ann an cleachdadh an Oilthigh.

1. Bidh sinn ag adhartachadh agus a' dìon nan cruinneachaidhean Gàidhlig againn a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, agus bidh sinn a' brosnachadh agus a' toirt taic do rannsachadh na Gàidhlig san Oilthigh.
2. Cumaidh sinn oirnn a' libhrigeadh, ag adhartachadh, agus a' leudachadh nan cothroman againn airson foghlam fad-beatha a thaobh na Gàidhlig agus a cultar agus a' toirt taic do theagasg san Oilthigh.
3. Brosnaichidh agus togaidh sinn coimhearsnachd thaiceil agus ghnìomhach de luchd-labhairt na Gàidhlig san Oilthigh agus taobh a-staigh na sgìre ionadail againn.
4. Leanaidh sinn oirnn a' sireadh cothroman airson obair com-pàirteachais agus broснаichidh sinn an t-Oilthigh mar ionad airson cleachdadh, teagasg agus rannsachadh na Gàidhlig.
5. Bidh dòigh-obrach thar-Oilthigh againn a thaobh taic ri faicsinneachd, cleachdadh agus inbhe na Gàidhlig air feadh nan àrainnean againn. .

Na Gealltanasan againn

Tha gach fear de na còig prionnsapalan againn san dreach phlana Ghàidhlig stèidhichte air sreath de gealltanasan n, mar a leanas.

Cruinneachaidhean¹ agus Rannsachadh

Prionnsapal: Bidh sinn ag adhartachadh agus a' dìon nan cruinneachaidhean Gàidhlig againn. a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, agus bidh sinn a' brosnachadh agus a' toirt taic do rannsachadh na Gàidhlig san Oilthigh.

Gealltanasan:

1. Thoir taic do agus broснаich cruinneachaidhean Gàidhlig an oilthigh a tha speisealach agus cudromach gu h-eadar-nàiseanta, gu sònraichte: tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, anns a bheil na mìltean de chlàran-fuaim sa Ghàidhlig; leabhraichean clò-bhuailte tearc agus tasglannan Gàidhlig, a' gabhail a-steach Cruinneachadh MhicilleMhicheil-MhicBhatair a tha aithnichte le UNESCO; nithean cudromach eile co-cheangailte ri Gàidhlig is Ceiltis san Ionad airson Rannsachadh Fosgailte; agus, anns na cruinneachaidhean leabharlainn mòra againn.
2. Dèan cinnteach gu bheil cothrom aig oileanaich agus luchd-obrach air tasglannan is cruinneachaidhean Gàidhlig an Oilthigh, a' gabhail a-steach a bhith a' leudachadh cothrom fiosaigeach air na tasglannan, agus a' tabhann cothroman do bhuill den phoball na cruinneachaidhean a chleachdadh.
3. Brosnaich rannsachadh mun Ghàidhlig air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh, a' gabhail a-steach a bhith a' libhrigeadh sreath de sheiminearan agus co-labhairtean rannsachaidh cunbhalach.

¹Tha cruinneachaidhean a' ciallachadh cruinneachaidhean an Oilthigh de dhualchas agus stuthan tasglainn, gu sònraichte na clàraidhean claisneachd, stuthan litreachais, bhidiothan agus dealbhan a tha ann an tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, pròiseact MhicilleMhicheil-MhicBhàtair (ref. Coll-97), agus leabhraichean clò-bhuailte tearc agus stuthan tasglainn air an cumail air feadh nan Cruinneachaidhean Dualchais againn, a' gabhail a-steach an fheadhainn aig Leabharlann na Colaiste Ùir.

4. Cruthaich lìonra rannsachaidh thar-Oilthigh air a' Ghàidhlig gus barrachd co-obrachaidh a bhrosnachadh eadar roinnean agus Sgoiltean.
5. Rannsaich an gabhadh dreuchd iar-dhotaireil Ghàidhlig a stèidheachadh gus rannsachadh a dhèanamh air eachdraidh na Gàidhlig san Oilthigh agus air feadh cathair-bhaile Dhùn Èideann.
6. Brosnaich a' Ghàidhlig ann an rannsachadh le bhith a' toirt seachad seirbheisean agus innealan a leigeas le luchd-obrach agus oileanaich Gàidhlig a chleachdadh mar phàirt den obair aca, a' gabhail a-steach cothrom air bathar-bog Gàidhlig, agus a' toirt cothrom do dh'oileanaich tràchdasan, tràchdasan fo-cheum, aistidhean agus obair eile a chur a-steach sa Ghàidhlig far a bheil sin iomchaidh.

Ionnsachadh agus Teagasg Gàidhlig

Prionnsapal: Cumaidh sinn oirnn a' libhrigeadh, ag adhartachadh, agus a' leudachadh nan cothroman againn airson foghlam fad-beatha a thaobh na Gàidhlig is a cultar agus a' toirt taic do theagasg san Oilthigh.

Gealltanasan:

1. Comharraich agus thoir aithne do dh'oileanaich a chuireas obair a-steach tron Ghàidhlig.
2. Leanaidh sinn oirnn a bhith a' tabhann a' cheum againn, a tha cudromach gu nàiseanta, ann am Foghlam Bun-sgoile le Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich.
3. Brosnaich agus leudaich na cothroman againn airson cùrsaichean Gàidhlig taobh a-staigh solar *Cànanan do na h-Uile*, a' toirt chothroman dhan phoball, dhan luchd-obrach againn agus do dh'oileanaich Gàidhlig ionnsachadh.
4. Cruthaich agus leudaich molaidhean airson cothroman bogaidh taobh a-staigh prògraman nan ceuman Gàidhlig, a' gabhail a-steach sgrùdadh air a bhith a' cruthachadh sgoil samhraidh dian do dh'oileanaich air prògraman ceuma Ceiltis is Gàidhlig còmhla ri solaraichean foghlam àrd-ìre eile.
5. Rannsaich agus cruthaich molaidhean airson slighe Ghàidhlig taobh a-staigh ar prògraman Dioplòma Ceumnaiche Proifeasanta ann am Foghlam.
6. Obraich ann an com-pàirteachas le buidhnean ann an Dùn Èideann gus cothroman ionnsachaidh a thabhann a bhrosnaicheas sgoilearan gus gluasad air adhart bhon sgoil gu ionad Foghlam Àrd-ìre fhad 's a tha iad a' cumail suas agus a' leasachadh an cuid sgilean Gàidhlig.

Coimhearsnachd na Gàidhlig

Prionnsapal: Brosnaichidh is togaidh sinn coimhearsnachd thaiceil agus ghnìomhach de luchd-labhairt na Gàidhlig aig an Oilthigh agus taobh a-staigh na sgìre ionadail againn.

Gealltanasan:

1. Thoir air adhart, cuir air dòigh agus cum taic ris an iomairt gus flataichean còmhnaidh Gàidhlig a stèidheachadh gus an urrainn do dh'oileanaich aig a bheil Gàidhlig an cànan a chleachdadh gach latha san dachaigh.

2. Rannsaich agus cruthaich cothroman do dh'oileanaich agus luchd-obrach gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chur an comas gu h-ionadail, gu nàiseanta agus air feadh na cruinne tro sgeama Duais Gàidhlig Dhùn Èideann no sgeama Tosgaire Gàidhlig.
3. Cruthaich siostam taic co-leithid do dh'oileanaich aig a bheil Gàidhlig no a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Taigh Mhoireibh, Ceiltis is Eòlas na h-Alba, agus san Ionad airson Ionnsachadh Fosgailte.
4. Cruthaich deireadh-seachdain bogaidh Gàidhlig do dh'oileanaich aig a bheil no a tha ag ionnsachadh Gàidhlig gus an urrainn dhaibh dàimhean a thogail tro mheadhan na Gàidhlig.
5. Cleachd na meadhanan sòisealta, cuairt-litrichean, agus na duilleagan Gàidhlig air làrach-lìn an Oilthigh gus mothachadh mun Ghàidhlig a bhrosnachadh agus àrdachadh air feadh an Oilthigh agus leis a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.
6. Cruthaich cothroman do dh'alumnae an Oilthigh aig a bheil Gàidhlig dlùth dhàimh a chumail ris an Oilthigh.
7. Cùm oirnn le Sgeama Sgrìobhadair Gàidhlig air Mhuinntireas agus cùm oirnn ga bhrosnachadh.

Obair Com-pàirteachais

Prionnsapal: Leanaidh sinn oirnn a' sireadh chothroman airson obair com-pàirteachais agus brosnachadh sinn an t-Oilthigh mar ionad airson cleachdadh, teagasg agus rannsachadh na Gàidhlig.

Gealltanasan:

1. Cùm oirnn a' cur ri agus a' gabhail pàirt ann an lìonra Capital Gaelic gus a' Ghàidhlig adhartachadh sa bhaile.
2. Obraich ann an com-pàirteachas le buidhnean is comainn oileanach, a' brosnachadh barrachd cleachdadh is faicsinneachd airson na Gàidhlig ann an togalaichean agus gnìomhan Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann, agus a' cumail suas ar dlùth dhàimh le, agus a' toirt taic do, gnìomhachd Comann Ceilteach Oilthigh Dhùn Èideann.
3. Obraich còmhla ri Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann gus taic a chumail ris an iomairt gus ionad Gàidhlig a stèidheachadh sa bhaile.
4. Dèan cinnteach gum bi Seachdain na Gàidhlig ann an Dùn Èideann soirbheachail ann an co-obrachadh le Comhairle Baile Dhùn Èideann agus lìonra Capital Gaelic.
5. Obraich leis a' Chomunn Ghàidhealach gus leantainn oirnn le bhith a' cumail Fèis Cuimhneachaidh Iain MhicLeòid san Oilthigh.
6. Leasaich agus leudaich ar com-pàirteachas le sgoiltean Gàidhlig ann an Dùn Èideann agus air feadh na dùthcha, leis an amas sealltainn dè as urrainn dhan Oilthigh a thabhann do dh'oileanaich aig a bheil Gàidhlig.
7. Obraich còmhla ri com-pàirtichean gus cothroman inntearnasan Gàidhlig a chruthachadh agus a bhrosnachadh do na h-oileanaich againn.
8. A bhith àrd-mhiannach nar com-pàirteachas ag obair leis an riaghaltas, a' stèidheachadh an Oilthigh mar ghuth airson na Gàidhlig ann an Alba.
9. Stèidhich conaltradh cunbhalach le buidhnean sna meadhanan Gàidhlig air an taobh a-muigh gus gnìomhachd Gàidhlig san Oilthigh a bhrosnachadh.

Gàidhlig air an Àrainn

Prionnsapal: Bidh dòigh-obrach thar-Oilthigh againn a thaobh a bhith a' cur ri faicsinneachd, cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig thar ar n-àrainnean.

Gealltanasan:

1. Glèidhidh sinn dreuchd Oifigear Gàidhlig.
2. Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh cleachdadh suaicheantas Gàidhlig an Oilthigh agus nì sinn rannsachadh air an roghainn a bhith a' cruthachadh suaicheantas dà-chànanach.
3. Solaraidh agus broснаich goireas airson barrachd faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig ann an siostaman an Oilthigh, a' gabhail a-steach le bhith a' brosnachadh luchd-obrach gus eàrr-sgrìobhaidhean puist-d dà-chànanach a bhith aca.
4. A' Ghàidhlig gu bhith na pàirt de chuirmean fàilteachaidh is ceumnachaidh far a bheil sin iomchaidh.
5. Taisbeanaich soidhnichean agus sgrìnichean fàilte Gàidhlig agus broснаich cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhnichean dà-chànanach air togalaichean ùra agus ath-leasaichte an Oilthigh.
6. Dèan aithris air cleachdadh, ionnsachadh agus teagasg na Gàidhlig sa mheadhan, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh suirbhidhean le luchd-obrach is oileanaich mu na comasan Gàidhlig aca.
7. Cùm oirnn a' reic agus a' leudachadh bathar Gàidhlig ann am bùth Oilthigh Dhùn Èideann.

Co-chomhairle Phoblach

Gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig ùr againn a' co-thaobhadh gu ceart le prìomhachasan ar luchd-obrach is oileanaich, agus na coimhearsnachd ionadail, **tha sinn a' sireadh do bheachdan an-dràsta** – co-dhiù tha Gàidhlig agad gus nach eil – air structar agus susbaint an dreachd Plana Gàidhlig seo.

Faodaidh tu freagairt a chur a-steach dhan cho-chomhairle phoblach air an dreachd phlana againn eadar **Dimàirt 19 Màrt agus Dimàirt 30 Giblean 2024**.

edin.ac/co-chomhairle

Thèid barrachd chothroman fhoillseachadh airson a dhol an sàs ann an leasachadh a' Phlana Gàidhlig againn air an làraich-lìn againn agus air na meadhanan sòisealta againn.

[Gàidhlig ann an Oilthigh Dhùn Èideann](#)